

Bòrd MG ALBA  
Coinneamh shonraichte mu Lèirsinn 2026

4/2/21, Zoom

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Ailean Dòmhnallach (sa Chathair) Marion Nic na Ceàrdaich  
Ceit Anna NicLeòid Iain Stephen Moireasdan  
Iain Mac a' Mhaoilein Lisa Annette  
Rhoda NicDhòmhnail

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)  
Iseabail Nic an t-Sagairt [IMT] (Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachdan)  
Niall M Greumach [NMG] (Stiùiriche Ionmhais)  
Donaidh Dòmhnallach [DMD] (Manaidsear Gnìomhachais)  
Ealasaid Dhòmhnallach [ED] (Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh)  
Mairi Anna NicAonghais (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

**1. Leisgeulan**

1.1 Donaidh MacAmhlaidh (duilgheadas teicnigeach); Màiri Kidd.

**2. Gnothach dearbhte**

2.1 Cha robh gin.

**3. Lèirsinn 2026**

3.1 Bha dreachd Lèirsinn agus dreachd Teachdaireachd a' Chathraiche airson an Lèirsinn air beulaibh bhall airson aonta air feallsanachd a' phàipeir seach briathran sònraichte agus chaidh deasbad a chumail.

3.2 Chaidh innse gun deach an Lèirsinn a dheasbad aig coinneamh Bòrd na Co-bhanntachd air 3/2/21 far an robh beachd ann am bu chòir iomradh sònraichte a thoirt air buaidhean air a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan, leis gu robh feumalachdan èiginneach ann am pàirtean eile de dh'Alba, gu sònraichte airson luchd-labhairt na Gàidhlig nas òige. A dh'aindeoin sin, bha prìomhachasan poileasaidh luchd-maoineachaidh dualtach a bhith a' ciallachadh gum bu chòir fòcas *geographic* a thoirt a-steach, ach gun a bhith a' dèanamh cron no toirmeasg air an *central belt*.

- 3.3 Thèid an tuilleadh a chuir ris gus comharrachadh ciamar a chuidicheas MG ALBA le leigheas an dèidh Covid-19 agus ciamar a chuireas iad ris an iomairt nàiseanta farsaing.
- 3.4 Thèid coimhead ri ciamar a thathas a’ preasantadh cuid de na figearan agus thèid beachdachadh air am bheil na figearan air a bheileas ag amas àrd-amasach gu leòr airson ar maoinedairean.
- 3.5 A thaobh co-bhanntachdan chaidh a chomharrachadh cho cudromach ‘s a tha HIE agus UHI sna còmhraidhean seo agus a’ chiad chothrom a thoirt dhaibhsan a thighinn còmhla rinn air an t-slighe gu maith na h-eileanan bho sheadh cànan, cultar agus ceòl.
- 3.6 Chaidh aontachadh gum bu chòir an Lèirsinn a bhith airson Alba le sealladh Gàidhealach ach cuideachd le sùil nas fharsaing air feadh an t-saoghail.
- 3.7 Chaidh aontachadh para a chuir ris mu lomdachd (Diversity) agus an neart a dh’fhaodas an saoghal didseatach a thoirt do dhaoine a’ fuireach ann an àiteachan iomallach.
- 3.8 Chaidh innse, le tagradh DCMS dha chuir a-steach air 26/2/21 (agus thèid leth-bhreac chun BhBC air an aon là) gu bheileas a’ coimhead ri meadhan a’ Mhàirt airson co-dhiù am prìomh phàirt den Lèirsinn fhoillseachadh.
- 3.9 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaiche ann am prionnsabal ri susbaint an Lèirsinn nuair a thèid na molaidhean a chaidh an deasbad an-diugh an dèanamh.
- 3.10 **Gnìomhan:** 1) thèid tionndadh às ùr a chuirteachadh air buill an ùine nach bi fad; 2) thèid tagradh DCMS a cho-roinn leis a Bhòrd mus tèid a chuir gu DCMS air 26/2/21. [\(DC/EMD\)](#)

#### **4. Gnothaichean sònraichte HR**

- 4.1 Chaidh seisean prìobhaiteach a chumail le buill agus an t-Àrd-Oifigear a-mhàin. Chaidh coimhead air molaidhean an Àrd-Oifigear co-cheangailte ri Cluaineas tràth an Stiùiriche Ionmhais agus chaidh ùghdarras a thiomnachadh gu Comataidh nan Cathraichean os-shealladh a chumail às leth a’ Bhùird.

#### **5. GISBE**

- 5.1 Cumar sùil air coinneamh a’ Bhùird a tha san leabhar-là airson Sultain 2021 ann an Steòrnabhagh gus faicinn am biodh e iomchaidh a ghluasad gu Dàmhair agus cuireadh a thoirt do John Whittingdale agus Alister Jack a thighinn a Steòrnabhagh.

#### **6. Deit na h-ath choinneimh – 10 agus 11/3/21**

Ainm sgrìobhte a’ chathraiche:

Deit: